

AINM: CLAS:

Ìre 3-5 Fìleantaich

Ann am Bosnia

le Iain Mac a' Ghobhainn



Obair mapa


1. Faigh map den t-Saoghal agus lorg Bosnia air a' mhap. Càit a bheil i? Cò na dùthchannan eile a tha faisg air làimh?

Leughadh

2. Leugh an earrann mu Bhosnia agus freagair na ceistean a leanas.

Bosnia

- Tha Bosnia an ceann a deas na Roinn Eòrpa.
- Bha Bosnia riamh doirbh a riaghladh.
- Thòisich a' Chiad Chogadh Mòr le trioblaidean mòra ann am Bosnia nuair a chaidh an t-Àrd-Dhiùc Ferdinand a mharbhadh ann an Sarajevo, prìomh bhaile na sgìre ann an 1914.
- Tha an dùthaich, Bosnia agus Herzegovina mar aon a-nise ach na bu thràithe air an fhicheadamh linn, bha iad mar phàirt de dhùthaich Iugoslavia.
- Nuair a chaidh briseadh a dhèanamh air Iugoslavia sa bhliadhna 1992, sheas Bosnia agus Herzegovina airson fèin-riaghladh.
- Cha do chòrd seo idir ris na Serbianach Bhosnianach a bha a' fuireach san sgìre agus bha iadsan airson am pàirt a bh' acasan den dùthaich a chumail dhaibh fhèin.



- Dh'adhbhraich seo cogadh a mhair trì bliadhna, agus chunnaic an saoghal air fad dealbhan uabhasach den ar-a-mach* air an telebhisean a h-uile oidhche.
- Bha buaidh mhòr aig seo air muinntir an t-saoghail agus Iain Mac a' Ghobhainn, sgrìobhadair Ann am Bosnia, nam measg.
- Nuair a thàinig an cogadh gu crìch ann an 1995, bha na Serbiaich riarachtaichte leis na fhuair iad de dh'ìnbhe san dùthaich ùir a bha air a roinn eadar Bosniaich, Serbiaich agus Croatiaich – uile a' còmhnaidh còmhla ann am Bosnia-Herzegovina.
- Chaidh an sgeulachd ghoirid seo a sgrìobhadh mu shnaidhpear ann am Bosnia a bha na pheantair mus deach a chur dhan arm an aghaidh a thoil. Airson cùisean a dhèanamh na bu mhiosa dha, chaill e a bhean agus a mhac sa chòmhstrì.

Leughadh

*Ar-a-mach – còmhstrì/sabaid

1. Cò chaidh a mharbhadh ann an Sarajevo ann an 1914?
2. Ciamar a bha Bosnia air a riaghladh an dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir?
3. Cò nach robh toilichte nuair a thàinig briseadh air Iugoslavia ann an 1992?
4. Dè bha na daoine seo ag iarraidh?
5. Carson a tha cuimhne aig a' mhòr-shluagh air cogadh Bosnia?
6. Tha sìth a-nise ann am Bosnia-Herzegovina. Cò na daoine a tha a' còmhnaidh còmhla san dùthaich an-diugh?
7. Cò am prìomh character san sgeulachd ghoirid?
8. Carson a tha e leis fhèin san sgeulachd?

Cànan

Leugh an sgeulachd Ann am Bosnia le Iain Mac a' Ghobhainn. Lorg ciall nam facal seo ann am faclair:

**fòirneart
clamhan**

**cùbhraidh
sneadhain (no seangan)**





Leughadh

Obraich còmhla ri caraid. Coimheadaibh air na ceistean gu h-ìosal còmhla:

1. Carson nach tug an sgrìobhadair ainm dhan t-snaidhpear san sgeulachd?

(a) Cha robh fhios aige dè an t-ainm a bh' air.	(c) Cha robh e gu diofar dè an t-ainm a bh' air.
(b) Bha an t-ainm doirbh a ràdh.	(d) Bhiodh e cunnartach an snaidhpear ainmeachadh.

2. Carson a bha an snaidhpear droch-nàdarrach?

(a) Bha e airson daoine a mharbhadh.	(c) Cha robh an cogadh a' dol mar bu mhiann leis.
(b) Chaidh a bhean agus a mhac a mharbhadh.	(d) Cha robh e cofhurtail sa chraoibh.

3. Seall mar a bha an drochaid ann an Sarajevo air atharrachadh bho na seann làithean.
4. Ainmich dà chur-seachad a bha aig teaghlach an t-snaidhpeir sna seann làithean.
- 5a. Dè an t-àm den bhliadhna a tha san sgeulachd?

(a) An t-earrach	(c) Am foghar
(b) An samhradh	(d) An geamhradh
- b. Ciamar a tha fhios agad gu bheil seo fìor?
- c. Carson a tha seo doirbh a chreidsinn?
6. Tha an gille beag a' nochdadh air an drochaid le peile. Tha e a' falbh airson uisge fhaighinn às an tobar. Carson a tha an gille beag seo a' cur dragh air an t-snaidhpear?


7. Dè an tàlant ùr a lorg an snaidhpear bhon a chaidh e don arm?
- (a) Bha e math air ruith. (c) Bha e a' còrdadh ris a bhith am measg dhaoine eile.
- (b) Bha e math air dannsa. (d) Bha e math leis a' ghunna.
- 8a. "Chunnaic e a-rithist an geansaidh dearg 's am peile buidhe. Bha iad dìreach mar rudan a chitheadh tu ann an dealbh." An urrainn dhut smaoinichadh air stòiridh no rann bho d' òige a bhiodh air a riochdachadh le dealbh mar seo?
- b. Carson nach urrainn don t-snaidhpear a dhol air ais gu bhith na pheantair ma mharbhas e an gille beag?
9. Dè chuir stad air bho bhith ga mharbhadh? (Tagh trì seantansan bhon liosta)
- (a) Chunnaic e aodann a mhic fhèin air a' ghille.
 (b) Cha bhiodh ceannardan an airm toilichte.
 (c) Bhiodh e a' faireachdainn gun do mharbh e a mhac fhèin.
 (d) Cha robh peilearan air fhàgail sa ghunna.
 (e) Bhiodh e a' cur às do neoichiontas.
 (f) Ruith an gille beag air falbh mus d' fhuair e cothrom a mharbhadh.
- 10a. Ciamar a tha an snaidhpear air atharrachadh nuair a thig e às a' chraoibh?
- b. Tagh rosgrannan bhon sgeulachd a tha a' sealltainn gu bheil atharrachadh air tighinn air.



Dràma

Ann am buidhnean de cheathrar, deasaichibh dealbh-chluich a tha suidhichte aig àm cogaidh. Seo eisimpleirean de shuidheachaidhean:

1. Saighdearan sna truinnisichean a' dèanamh deiseil airson sabaid.
 2. Nàimhdean a' coinneachadh a chèile an dèidh blàr.
 3. Teaghlach aig an taigh a' feitheamh ri fios bho chuideigin a tha a' sabaid thall thairis.
 4. Saighdearan air raon-cogaidh nuair a bhios am blàr seachad.
- Faodaidh an dealbh-chluich a bhith èibhinn no duilich – tha e an urra ris gach sgioba.
 - Dèan cinnteach gu bheil fios aig a h-uile duine dè am pàirt sònraichte a th' aca agus dè tha iad a' dol a ràdh.
 - Gabh an cothrom beagan ùine a chur seachad a' deasachadh.
 - Nuair a tha gach sgioba deiseil, nì na buidhnean measadh air a chèile, a' smaoinichadh air cò a b' fheàrr agus carson, agus ciamar a b' urrainn do chuid leasachadh a dhèanamh air na rinn iad.



***Chunnaic e balach le peile a' dol tarsainn air an drochaid.
Thog e an gunna gu a ghualainn ach mus d' fhuair e
cuimseachadh air, bha am balach air a dhol seachad.***

Sgrìobhadh

'S tusa an snaidhpear ann am Bosnia. Tha thu a-nis air tighinn dhachaigh agus tha thu a' sgrìobhadh mun latha agad san leabhar-latha. Ciamar a tha thu a' faireachdainn, agus carson? A bheil atharrachadh air tighinn air do bheatha? Dè nì thu a-màireach?

Sarajevo, Diciadain, 14 Am Màrt 1994

*Tha mi aig fois a-nochd airson a' chiad uair
bhon a chaidh an teaghlach a mharbhadh...*